

Neach-teagaisg ann am Foghlam Gàidhlig

Tha tagraidhean gan sireadh airson dreuchd Neach-teagaisg ann am Foghlam Gàidhlig. Tha seo na chothrom brosnachail a bhith an sàs ann an sgioba a tha beothail agus a' sior mheadachadh, a bhios ri sàr sholar airson Sgoil Foghlaim Thaigh Mhoreibh anns a' chuspair Foghlam Luchd-teagaisg, gu sònraichte raon Foghlam na Gàidhlig.

Bidh tu air obair shusbainteach a dhèanamh a thaobh teagasg is ionnsachadh, agus bidh eòlas agad air teagasg ann an suidheachadh bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. Ma ghabhas, bidh eòlas acadaimigeach agad san roinn foghlam àrd-ìre. Bidh tu air creideis a stèidheachadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus, aig a' char as fheàrr, bidh tu a' toirt buaidh aig ìre ùghdarrais no ìre nàiseanta.

Bidh tu an urra ri leasachadh, teagasg agus rianachd chùrsaichean ann am Foghlam Gàidhlig aig ìre fo-cheumnach, agus cuiridh tu ri obair nas fharsainge sa chuspair agus san Sgoil. Bidh tu a' riochdachadh Foghlam Luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig, anns an t-seagh as fharsainge ann an lionraidhean iomchaidh gu nàiseanta, a' gabhail a-steach Com-pàirteachasan Foghlaim Luchd-teagaisg Oilthigh Dhùn Èideann le Ùghdarrasan Ionadail agus Bun-sgoiltean.

Tha an dreuchd seo làn-ùine, airson 12 mìosan a mhàin. Ìre tuarastail UE07: (£ 33,199 - £ 39,609 gach bliadhna)

Ceann-latha dùnaidh: 5f (GMT) air 23 Cèitean 2019

1. Tuairisgeul Dreuchd

Tìotal na h-obrach: Neach-teagaisg ann am Foghlam Gàidhlig

Roinn Sgoile/ Taice: Sgoil Foghlaim & Spòrs Thaigh Mhoreibh

Aonad: Institiùd Foghlaim, Teagasg agus Ceannardais (ETL)

Manaidsear-stiùiridh: Ceannard an Institiùd

2. Adhbhar na Dreuchd

A' toirt seachad lèirsinn, agus cleachdadh teagasg acadaimigeach agus proifeiseanta ann am Foghlam Luchd-teagaisg, gu sònraichte Foghlam Gàidhlig. A' dèanamh teagasg agus measadh fo stiùir rannsachaidh air prògraman MA Foghlam Bun-sgoile le Gàidhlig, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh. Gabhail os làimh stiùireadh suidheachadh-obrach. Stiùireadh nan tràchdasan airson Foghlam Gàidhlig aig ìre Urraim fo-cheumnach. Cur ri dealbhadh/leasachadh air prògraman/cùrsaichean ùra ann am Foghlam Gàidhlig. Cur ri rianachd sgoilearach na sgoile.

3. Prìomh Dhleastanasan (% de ùine)

Mar phàirt de sgioba Foghlam Luchd-teagaisg ro-innleachdail na Sgoile, feumaidh an neach-obrach a thèid fhadadh:

- Cur gu mòr ri Foghlam Gàidhlig, le bhith a' teagasg air feadh phrògraman MA ann am Foghlam Bun-sgoile le Gàidhlig, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh (a' gabhail a-steach oileanaich a stiùireadh ann an suidheachadh-obrach), a' leasachadh dhòighean-obrach innleachdach airson teagasg agus ionnsachadh gus teagasg a thoirt seachad a tha de chàileachd agus cliù àrd agus aig am bi buaidh shusbainteach. (70%)
- Eagrachadh Cùrsa (10%)
- Cur ri leasachadh agus dealbhadh cùrsa gus dèanamh cinnteach gu bheil cùrsaichean fhathast làithreach agus air an stiùireadh le rannsachadh agus cleachdadh proifeiseanta (10%)
- Dleastanasan eile a choileanadh mar a dh'fheumas Ceannard na Sgoile gus dèanamh cinnteach gun tèid an sgoil a ruith gu h-èifeachdach (10%)

4. Planadh agus Eagrachadh

Bidh tu:

- Cunntachail airson do riaghladh-ùine fhèin airson iomadh gnìomh teagasg is measaidh a libhrigeadh
- A' brosnachadh agus a' toirt taic do dhaoine, oileanaich agus do cho-obrachachan aig an oilthigh agus ann an sgoiltean, gus coinneachadh ri feumalachdan teagasg agus measadh phrògraman agus cùrsa

5. Leasachadh Luchd-obrach agus Proifeiseanta

Bidh tu a' cumail ri sàr-ìre acadaimigeach tro dhealas leantainneach a thaobh leasachadh proifeiseanta agus pearsanta a bharrachd air a bhith nad dheagh eisimpleir air innleachdas foghlaim tro theagasg.

6. Fuasgladh dhuilgheadasan

Bidh tu:

- Comasach air obair gu cruthachail le co-obraichean gus faighinn thairis air duilgheadasan, co-cheangailte ri teagasg agus/no taic do dh'oileanaich, mar a dh'èireas iad gus dèanamh cinnteach gum faigh oileanaich eòlasan adhartach a tha de dheagh chàileachd.
- A' tuigsinn cuin a bu chòir dhut innse don Stiùiriche Prògram, sgioba Ceannard an Institiùd agus an luchd-stiùiridh iomchaidh mu na feumalachdan a thaobh luchd-obrach agus goireasan airson gach eileamaid de na cùrsaichean air a' phrògram.

7. Dèanamh Cho-dhùnaidhean

Bidh tu:

- Misneachail ann a bhith a' suidheachadh phrìomhachasan gu neo-eisimeileach gus dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan cùrsa is prògram gan coinneachadh
- A' dèanamh cho-dhùnaidhean practaigeach is loidsigeach, mar a dh'fheumar, gus dèanamh cinnteach gu bheil oileanaich, agus luchd-oideachaidh stèidhichte san sgoil, a' faighinn taic iomchaidh ann an suidheachaidhean-obrach stèidhichte san sgoil

8. Prìomh Cheanglaichean/Dàimhean

Bidh sàr sgilean eadar-phearsanta agad agus bidh deagh dhàimh agad ri oileanaich agus luchd-obrach. Bidh tu comasach air riochdachadh èifeachdach a dhèanamh den Oilthigh ann an teagasg Foghlam Bun-sgoile agus Com-pàirteachasan Foghlaim Luchd-teagaisg Oilthigh Dhùn Èideann, anns a bheil Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba agus sgoiltean an sàs.

9. Eòlas, Sgilean agus Cleachdadh Riatanach airson na h-Obrach

Riatanach

- Ciad cheum, no teisteanas/dioplòma iar-cheuma, ann am Foghlam Bun-sgoile
- Clàraichte leis an GTCS (no freagarrach airson clàradh GTCS)
- Comasach air conaltradh gu fileanta ann am Beurla agus Gàidhlig, an dà chuid labhairt agus sgrìobhadh
- Eòlas agus tuigse làithreach air poileasaidhean foghlaim Riaghaltas na h-Alba agus poileasaidhean co-cheangailte, a thaobh Foghlam Bun-sgoile, san fharsaingeachd, agus Foghlam tron Ghàidhlig, gu sònraichte
- A' brosnachadh ìre àrd de chreideas am measg luchd-dreuchd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- Dòigh-obrach chruthachail, innleachdach agus tharraingeach a thaobh ionnsachadh agus teagasg
- Comasach air fèin-stiùireadh agus air obair air do cheann fhèin
- Sàr sgilean conaltraidh, eadar-phearsanta agus eagrachail

Feumail

- Eòlas air a bhith a' toirt taic, a' stiùireadh no a' cumail sùil air luchd-deuchainn no oileanaich teagaisg ann an suidheachadh-obrach ann an sgoiltean meadhain-Ghàidhlig
- Eòlas air a bhith ag obair le com-pàirtichean foghlaim anns na sgoiltean, agus 's dòcha com-pàirtichean Ùghdarras Ionadail, ann an lìbhrigeadh chùrsaichean Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig às dèidh clàradh

10. Tuairisgeul Suidheachadh Obrach

Cuiridh an neach-obrach ri Foghlam Luchd-teagaisg, gu sònraichte foghlam Gàidhlig, anns an Sgoil Foghlaim le mu 400 oileanach fo-cheumnach, 300 oileanach iar-cheumnach air an teagasg, agus 90 oileanach PhD, a' cumail chom-pàirteachasan cudromach le sia Ùghdarrasan Foghlaim Ionadail.

11. Co-theacs Obrach agus fiosrachadh buntainneach sam bith eile

Bidh an neach-obrach gu mòr a' cur ri teagasg agus measadh thairis air solar ITE na Sgoile Foghlaim, ag obair gu ìre mhòr mar bhall de sgioba teagaisg Foghlam Gàidhlig na Sgoile.